

Suidheachaidhean Sàrachadh Feiseil

Suidheachadh 1

Tha an tidsear saidheans air a h-uile duine a ghlumasad timcheall san obair-lann gus nach urrainn do neach sam bith suidhe còmhla ri an caraidean. Tha e air na balaich is na nigheanan a mheasgachadh cuideachd. Chaidh a' ràdh ri Mia suidhe ri taobh Jack. Bidh iad nan suidhe aig cùl a' chlas agus chan fhaic an tidsear dè tha a' dol. Gach uair a ruigeas Mia an sèithear aice bidh Jack air am fòn aige agus bidh e a' sealltainn dealbhan pornagrafach dhi. Tron chlas bidh e a' suathadh innte. Tha i air innse dha caraid sa chlas, ach tha eagal air an dithis aca bho Jack.

- An e sàrachadh feiseil a tha seo?
- Dè a ghabhas dèanamh?
- Dè bhios ga dhèanamh doirbh dèiligeadh ris an seo?
- Dè dh'fheumar a dhèanamh agus cò leis?

Suidheachadh 2

Tha Joseph ùr san sgoil. Nuair a bhios e a' coiseachd seachad air buidheann mhòr de nigheanan sa bhliadhna aige bidh iad a' feadaireachd ris agus ag innse dha gu bheil e eireachdail, a' faighneachd dha a bheil bràmar aige agus a' dèanamh fealla-dhà mu bhith a' dol a-mach còmhla ris. An toiseach bha Joseph toilichte gun robh iad air mothachadh dha, ach tha e air a nàrachadh a-nis. Tha e air tòiseachadh air pàirtean den sgoil far am faod iad a bhith a sheachnad.

- An e sàrachadh feiseil a tha seo?
- Dè a ghabhas dèanamh?
- Dè bhios ga dhèanamh doirbh dèiligeadh ris an seo?
- Dè dh'fheumar a dhèanamh agus cò leis?

Suidheachadh 3

Tha Ms Jackson na tidsear òg san sgoil. Bidh cuid de na balaich sa chlas a' bruidhinn àrd gu leòr gus an cluinn i iad, ag ràdh gu bheil iad dèidheil oirre, bidh iad ag ràdh rudan mu a bodhaig. Tha fathann a 'dol timcheall gu bheil dùblan aig na balaich sin feuch cò as urrainn a' chiad dealbh a thogail suas sgiort Ms Jackson.

- An e sàrachadh feiseil a tha seo?
- Dè a ghabhas dèanamh?
- Dè bhios ga dhèanamh doirbh dèiligeadh ris an seo?
- Dè dh'fheumar a dhèanamh agus cò leis?